



Tìotal: Daoine a bhios gam chuideachadh agus a’ coimhead às mo dhèidh

Pàirt 1: Daoine a tha sònraichte dhomh

Ìre: A’ CHIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha fios agam gu bheil daoine nar beatha a tha a’ gabhail cùram dhinn agus a tha a’ coimhead às ar dèidh, agus tha mi mothachail gum faod daoine a bhith fo chùram phàrantan, luchd-cùraim no inbhich eile. HWB 1-45a	<ul style="list-style-type: none">• Ag aithneachadh na tha “cùram” a’ ciallachadh• Ag aithneachadh cò na daoine a tha a’ coimhead às an dèidh, a’ coimhead air cùram corporra agus faireachail.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum bi fios aig clann gu bheil inbhich nam beatha a tha a’ gabhail an cùram agus a’ coimhead às an dèidh
- Gun tuig clann gum faod diofar inbhich a bhith a’ dèanamh seo do chuid de chlann
- Gun tuig clann gum faod cùram a bhith corporra agus faireachail

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi ag aithneachadh cò na h-inbhich nam bheatha a tha gam chuideachadh, a’ gabhail mo chùram agus a’ coimhead às mo dhèidh.
- ’S urrainn dhomh bruidhinn air mar a bhios inbhich gam chuideachadh agus a’ coimhead às mo dhèidh.

Goireasan-taic

- Slaidhean PowerPoint
- Cairtean agus pinn/peansailean airson cairtean ‘Taing’ agus cèisean a dhèanamh

Obair

1. Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe còmhla. Ma ghabhas e dèanamh, tòisich mar seo. Tòisich le bhith ag innse dhan chloinn gum bi iad a' dèanamh obair far am bi iad a' smaoinichadh air daoine a bhios a' gabhail cùram dhaibh agus air mar a bhios sinne a' gabhail cùram do dhaoine eile. Mar a tha sibh a' dol air adhart san leasan, dèan sgaradh eadar na dòighean corporra agus faireachail sam bithear a' gabhail cùram de dhaoine eile agus gan cuideachadh.
2. **A' cuideachadh agus a' gabhail cùram de dhaoine eile:** Seall na slaighdean/dealbhan a tha a' sealltainn diofar sheòrsachan cùraim. Faighnich dhan chloinn ciamar a tha an neach sna dealbhan a' gabhail cùram do no a' coimhead às dèidh dhaoine eile.
3. **Dè an cuideachadh no an cùram a tha a dhìth air na beathaichean no na daoine seo?** Coimhead air an ath sheata dhealbhan còmhla ris a' chloinn. Airson gach dealbh faighnich, 'Dè dh'fheumas cuideigin a dhèanamh dhan neach/bheathach seo?', 'Dè b' urrainn dhuinne a dhèanamh airson an cuideachadh no airson an cùram a ghabhail?
4. **A' dèanamh dhealbhan.** Inns gu bheil a' chlann air a bhith a' coimhead air diofar dhealbhan de dhaoine a' gabhail cùram agus a' cuideachadh, no feumach air cùram agus cuideachadh. Iarr air a' chloinn obrachadh còmhla ri caraaid airson dealbh a dhèanamh – dealbh reòthte no 'freeze frame' mar gun robh cuideigin air dealbh a thogail – de aon neach a' gabhail cùram neach eile – iarr orra tighinn a-mach gu aghaidh a' chlas/bhuidheann agus an dealbh aca a shealltainn. Nuair a nì iad seo agus a dh'fheuchas a' chlann eile ri obrachadh a-mach dè tha san dealbh, faighnich: Ciamar a tha an neach eile san dealbh a' faireachdainn mu bhith a' gabhail cùram an neach/rud eile... Dè bhios e a' ciallachadh dhan neach (beathach) eile gu bheil iad a' faighinn cuideachadh no gu bheilear a' gabhail an cùraim?
5. **Daoine a bhios gar cuideachadh agus a' gabhail ar cùram.** Iarr air a' chloinn bruidhinn rin caraaid a-rithist agus smaoinichadh air dòighean sam bi iad a' gabhail cùram cuideigin eile san dachaigh. Ma dh'fheumas tu, thoir dhaibh eisimpleir mar 'Cò bhios a' dèanamh do dhinnear/ an teatha feasgar?' 'Cò bhios gad thogail bhon sgoil?' Às dèidh còmhraidh goirid, iarr freagairtean bho fheadhainn den chloinn ma tha iad deònach.
6. **A' toirt taing.** Mus till a' chlann gu na bùird aca airson deireadh an leasain, iarr orra smaoinichadh air aon neach a bhios gan cuideachadh no a' gabhail an cùram ann an dòigh air choreigin. 'S dòcha nach bi cuid den chloinn ag iarraidh bruidhinn air am beatha aig an dachaigh, agus mar sin dh'fhaodadh iad bruidhinn air cuideigin aig an dachaigh, no cuideigin eile san teaghlach. Dh'fhaodadh iad bruidhinn air cuideigin eile san sgoil no cuideigin as aithne dhaibh bho sgioba sa bheil iad. Cleachd na slaighdean ma chuidicheas sin le beachdan. 'S e th' aca ri dhèanamh – cairt a dhèanamh do neach eile a' toirt taing dhaibh airson a' chùraim a tha iad a' gabhail dhiubh no airson a' chuideachaidh a tha iad a' toirt seachad. Faighnich dhan chloinn dè chuireadh iad dhan chairt – dh'fhaoite nach biodh ann ach taing shìmplidh no teachdaireachd nas fhaide. Iarr orra smaoinichadh air na seòrsachan dhealbhan a dhèanadh iad: Rudeigin a tha a' còrdadh riutha? No a tha a' còrdadh ris an neach? No dealbh dhiubh fhèin ag ràdh 'Tapadh leibh'.

Not: Obraichidh e nas fheàrr do chuid den chloinn ma tha eisimpleirean cinnteach aca de na tha sinn a' ciallachadh le a bhith a' gabhail cùram no a' coimhead às dèidh. Ma ghabhas neach sònraichte ainmeachadh, bidh seo gu feum, mar eisimpleir: "Tha an dorsair againn gu math cuideachail, nach eil?" no

“Iain, a bheil cuimhn’ agad nuair a thuit thu a-muigh ’s a thog Mgr Dòmhnallach thu ’s a thug e dhan oifis thu airson plastair? Bha e laghach dhà do chùram a ghabhail agus coimhead às do dhèidh.”

7. Dèan cinnteach gu bheil cuideigin aig gach sgoilear nan inntinn. Mura h-eil can riutha gum bruidhinn thu riutha aig a’ bhòrd aca. Air ais aig na bùird dèan cinnteach gu bheil cuideigin aig gach neach nan inntinn agus gu bheil iad a’ tuigsinn na th’ aca ri dhèanamh. Thoir cèisean dhan chloinn airson ’s gun sgrìobh iad ainm an neach air. (Not: Gabhaidh a’ mhòr-chuid de na cairtean toirt air falbh airson an sìneadh dhan neach. Ma tha neach aca nach eil iad a’ faicinn gach latha, cumaibh a’ chairt gus an obraich sibh a-mach ciamar a chuireas sibh thuca i.)
8. **Airson crìochnachadh**, faighnich dhan chloinn a bheil iad airson innse cò dhà a tha a’ chairt aca (ma tha iad deònach), agus innse dè tha an neach sin a’ dèanamh dhaibh. Cuir crìoch le bhith a’ tarraing aire chun nan daoine cuideachail agus na tha iad a’ dèanamh dhan chloinn. Cleachd an slaighd mu dheireadh airson a dhol thairis air teachdaireachd RSHP – an turas seo gabhaidh prìomh theachdaireachd RSHP ‘Tha sinn uile gun shamhail’ a chleachdadh aison aithneachadh gu bheil sinn uile feumach air cuideachadh agus cùram, uaireannan airson diofar adhbharan agus aig diofar amannan.

Ceangal ris an Dachaigh

Dh’fhaodadh sibh an teacsa seo a chur dhachaigh airson fios a thoirt dhaibh mu na leasain.

Ann an trì seiseanan bidh a’ chlann a’ bruidhinn agus ag ionnsachadh mu bhith a’ cuideachadh agus a’ gabhail chùram dhaoine eile. Bidh iad a’ smaoinichadh air mar a bhios sinn a’ gabhail cùram dha chèile agus a’ cuideachadh a chèile san dachaigh, san sgoil agus sa choimhearsnachd. Taghaidh iad fhèin daoine a tha a’ gabhail an cùram, dh’fhaoite gur e cuideigin bhon teaghlach agad a tha seo no proifeiseantach, agus nì iad cairt ‘Taing’ do neach a thaghas iad fhèin. Bidh a’ chlann a’ smaoinichadh air cò thuig a thèid iad ma tha ceist aca no ma tha dragh orra mu rud. ’S dòcha gum bi sibh eòlach air an leabhar **The Huge Bag of Worries** le Virginia Ironside, bidh sinn ga chleachdadh airson taic a chur ri ionnsachadh na cloinne. San leabhar tha an caractar ag ionnsachadh gur e deagh bheachd a th’ ann draghan innse do neach sa bheil earbsa aca. San t-seisean mu dheireadh nì a’ chlann tuilleadh bruidhinn air ‘proifeiseantaich chuideachail’. ’S urrainn dhut taic a thoirt le bhith a’ cuideachadh do phàiste gus aithneachadh cò bheir dhaibh cuideachadh ma tha e a dhìth – mar eisimpleir Poileas no neach-butha.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

Daoine a bhios gam chuideachadh agus a’ coimhead às mo dhèidh: Nuair a tha ceist agam no tha mi fo iomagain

Daoine a bhios gam chuideachadh agus a’ coimhead às mo dhèidh: Proifeiseantaich

Notaichean Tidseir

